

Bi falbh on uinneag

Go away from the window

Sèist

Bi falbh on uinneig fhir ghaoil, fhir ghaoil,

Go away from the window my loved one, my loved one,
'S na tig a-nochd tuilleadh fhir ghràidh, fhir ghraidh,
Come no more tonight my dear one, my dear one.

Bi falbh on uinneig fhir ghaoil, fhir ghaoil,

Go away from the window my loved one, my loved one,
'S na tig a-nochd tuilleadh fhir ghràidh, fhir ghraidh.
Come no more tonight my dear one, my dear one.

Rann 1

Tha do long air an t-sàile 'si gun seòladair aice,

Your ship is at sea without a sailor on her,

Tha do long air an t-sàile 'si gun seòladair aice,

Your ship is at sea without a sailor on her,

Bi falbh on uinneig fhir ghaoil, fhir ghaoil,

Go away from the window my loved one, my loved one,
'S na tig a-nochd tuilleadh fhir ghràidh, fhir ghraidh.
Come no more tonight my dear one, my dear one.

Rann 2

Cuir umad do bhrògan tha 'n tòir a' tigh'nn cas ort

Put on your shoes, the pursuit is coming close to you,

Cuir umad do bhrògan tha 'n tòir a' tigh'nn cas ort

Put on your shoes, the pursuit is coming close to you,

Gur mise bhios brònach ma nì 'n tòir seo cur às dut.

I would be grief stricken if the pursuers kill you.

Na tig a-nochd tuilleadh fhir ghràidh, fhir ghraidh.

Come no more tonight my dear one, my dear one.

Rann 3

Nuair a thèid mi measg slòigh fear do bhòidhchead chan fhaic mi,

When I go among people, a man of your beauty I do not see,

Tha faltan donn dualach air mo luaidh de na gaisgeach,

Brown curled hair has my love, the hero.

Cuir umad do bhrògan tha 'n tòir a' tigh'nn cas ort,

Put on your shoes, the pursuit is coming close to you,

'S na tig a-nochd tuilleadh fhir ghràidh, fhir ghraidh.

Come no more tonight my dear one, my dear one.

Bi falbh – go away; **on** (o'n) – from; **fhir ghaoil** – loved one; **tig** – come; **a-nochd** – tonight; **tuilleadh** – more; **fhir ghràidh** – dear one;

long – ship; **an t-sàile** – the sea; **gun** – without; **seòladair** – sailor; **aice** – with her;

Cuir – put; **umad** – on you; **bhrògan** – shoes; **tòir** – chase, pursuit; **a' tigh'nn** – coming; **cas** – close, near; **ort** – to you; **mise** – me; **bhios** – will be, **brònach** – sad, grief stricken; **cur às** – put out, do away, kill; **dut** – with you; **Nuair** – when; **thèid** – go; **measg** – among;

slòigh – people; **bhòidhchead** – beauty; **chan fhaic** – cannot see; **faltan** – hair; **donn** – brown; **dualach** – curled; **mo luaidh** – my love; **gaisgeach** – hero;